

Aithisg Buidhne-gnìomha Luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig

Aithisg Buidhne-gnìomha Luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

ISBN 0-7559-4790-8

Riaghaltas na h-Alba (Scottish Executive)
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B42892 11/05 (Gaelic)

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Samhain, 2005

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd bho
Blackwell's Bookshop
53 South Bridge
Edinburgh
EH1 1YS

Tha duilleagan teacsa na sgrìobhainn seo air an clò-bhualadh air pàipear ath-chuairtichte a ghabhas ath-chuairteachadh 100%

CONTENTS

Ro-ràdh an Neach-cathrach	1
Prìomh Mholaidhean	2
1. Ro-ràdh	4
2. Cothroman Foghlaim Luchd-teagaisg	7
3. A' Meudachadh Fastaidh	11
4. Deasachadh Proifeiseanta	13
5. Leasachadh Dreuchd	16

RO-RÀDH AN NEACH-CATHRACH

Tha e na thoileachas mhòr dhomh an Aithisg seo a chur air beulaibh Ministear an Fhoghlaim agus na h-Òigridh, Peadar Peacock, as leth buill na Buidhne. Bu toil leam cuideachd, as leth na ballrachd, taing a thoirt don Mhinistear airson a bhith taiceil an còmhnaidh do dh'fhoghlam na Gàidhlig agus airson iarraidh air a' Bhuidhinn seo molaidhean a dheasachadh a thaobh foghlam agus solarachadh luchd-teagaisg na Gàidhlig.

Tha e soilleir, ma tha leasachadh agus meudachadh a' dol a thighinn air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an siostam foghlaim na h-Alba, gum bi feum ann airson tuilleadh luchd-teagaisg. Chan eil teagamh sam bith nach eil fastadh agus solarachadh luchd-teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig deatamach dha rìreabh ma tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' dol a shoirbheachadh. Tha sinn den bheachd gu bheil seo cuideachd deatamach airson a' Ghàidhlig fhèin a chumail beò.

Feumar prìomh mholaidhean na h-Aithisge seo a chur an gnìomh cho luath 's a ghabhas. Ma nithear seo, tha sinne cinnteach gun urrainn do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a mheudachadh anns a' bhunsgoil agus a leasachadh anns an àrdsgoil ann an dòigh nach do thachair roimhe. Mura tig luchd-teagaisg ùra don t-siostam dh'fhaodadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sgur a dh'fhàs. Chan fhaod seo tachairt.

Bu mhath leam taing a thoirt do bhuill na Buidhne uile a bha cho fialaidh le an cuid tìde agus eòlais. Tha mise a' creidsinn gur e neart na h-Aithisge seo gu bheil i a' riochdachadh bheachdan luchd-foghlaim aig a bheil mion eòlas air agus dealas airson foghlam na Gàidhlig. Bu toil leam taing air leth a thoirt do Dhùbhghlas Ansdell agus Eòghan Stiùbhart, ar co-obraichean bho Riaghaltas na h-Alba, a rinn cinnteach gun deach an Aithisg againn a libhrigeadh ann an deagh àm. Choinnich a' Bhuidheann airson a' chiad uair sa Mhàrt agus is e dìcheall na Buidhne agus gu bheil, nar beachdsan, èiginn sa ghnothach an t-adhbhar a tha an Aithisg deiseil mar tha.

Tha mi an dòchas gur e buil na h-Aithisge seo gu faic sinn adhartas susbainteach ann an solarachadh luchd-teagaisg na Gàidhlig agus gu leig seo le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dhol am feabhas air feadh na h-Alba

Mata M MacIomhair
Neach-clàraidh/Àrd-oifigear Comhairle Teagaisg
Choitcheann na h-Alba

PRÌOMH MHOLAIDHEAN

Tha feum air prìomh oifigear a chur an dreuchd airson adhartas a bhrosnachadh ann am fastadh luchd-teagaisg na Gàidhlig

- Bu chòir oifigear fastaidh luchd-teagaisg na Gàidhlig a chur an dreuchd. Dh'fhaodadh an dreuchd leantainn dà bhliadhna, anns a' chiad dol a-mach, agus a bhith suidhichte ann am Bòrd na Gàidhlig, airson mòran de na gnìomhan ainmichte san Aithisg seo a cho-òrdanachadh.

Meudachadh nan sligheachan ùra airson dol a theagasg na Gàidhlig

- Bu chòir cùrsa Shrathchluaidh/IMBOGE (Institiùd nam Mile Bliadhna aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan) a thabhan aig barrachd cholaistean com-pàirteachaidh, gu h-àraidh Sabhal Mòr Ostaig (SMO), Colaiste Bheinn na Faoghla agus Colaiste Loch Abar. Bu chòir do Obar Dheadhain an solarachadh foghlaim air astar aca a mheudachadh le a bhith a' libhrigeadh prògram do luchd-teagaisg àrdsgoile. Bu chòir aire a thogail mun a h-uile cùrsa seo mar shligheachan a-steach do theagasg anns na raointean buntainneach.

Dèanamh às do phrìsean cùrsa airson oileanaich a' dèanamh chùrsaichean Ciad Foghlam Luchd-teagaisg pàirt-ùine

- Bu chòir do Roinn na h-Iomairt, na Còmhdhail agus Ionnsachaidh Fhad-beatha aig Riaghaltas na h-Alba ath-bhreithneachadh a dhèanamh cho luath 's a ghabhas air a' phoileasaidh aca a bhith ag iarraidh air oileanaich teagaisg pàigheadh airson chùrsaichean pàirt-ùine.

Bu chòir Aithisg na Comhairle Teagaisg Choitcheann (CTC) air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chur an gnìomh

- Bu chòir don CTC, an co-bhonn leis na dàmhnan foghlaim, molaidhean na h-Aithisge 'Teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, Molaidhean airson Atharrachaidh' a chur an gnìomh.

Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gun tèid solarachadh agus trèanadh luchd-teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chumail mar phrìomhachas

- Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gun tèid solarachadh agus trèanadh luchd-teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chumail mar phrìomhachas, agus follaiseach anns a' Phlana-chànain Nàiseanta Ghàidhlig agus an Roi-innleachd Nàiseanta airson Foghlam na Gàidhlig, a chaidh òrdachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

PRÌOMH MHOLAIDHEAN

Cùrsaichean foghlaim a chuidicheas oileanaich agus luchd-teagaisg

- Bu chòir cùrsaichean cànan a libhrigeadh airson lochdan cànan oileanach agus luchd-teagasg fhuasgladh gus am faigh iad air dol air adhart do thrèanadh teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig no do theagasg.

A h-uile h-oileanach Gàidhlig ga s(h)uidheachadh ann an clasaichean Gàidhlig

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile neach-teagaisg deuchainn meadhain Ghàidhlig a shuidheachadh ann an clasaichean Gàidhlig agus an £6000 de airgead tàlaidh a chleachdadh airson oileanaich a tharraing do na h-àiteachan aig a bheil prìomhachas, agus bu chòir do ùghdarrasan dèanamh cinnteach gu fuirich luchd-deuchainn ann an clasaichean meadhain Ghàidhlig.

Taic do luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig gluasad do fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba taic a chumail ri leasachadh cùrsa Shabhail Mhòir Ostaig a chuidicheadh luchd-teagasg gluasad do fhoghlam tro mheadhan an Gàidhlig, agus bu chòir seo fhosgladh do luchd-teagasg bunsgoile.

Sligheachan àrdachadh dreuchd a stèidheachadh do luchd-teagaisg Gàidhlig Bunsgoile agus Àrdsgoile

- Bu chòir do ùghdarrasan Ionadail sligheachan àrdachadh dreuchd a stèidheachadh do luchd-teagasg Gàidhlig bunsgoile agus àrdsgoile le a bhith a' beachdachadh orra airson dhreuchdan prìomh thidsearan agus ceannardan dhàmhnan. Dh'fhaodadh na dreuchdan seo buntainn ri aon sgoil no grunn sgoiltean, a rèir na bha iomchaidh.

Taic do, agus leasachadh air, Cànan na Gàidhlig anns a' Bhunsgoil

- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail taic a thoirt do leasachadh chùrsaichean do luchd-teagasg air Cànan na Gàidhlig sa Bhunsgoil aig Oilthigh Obar Dheadhain.

I. RO-RÀDH

I.1 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba

- I.1.1 A-nis ann an Alba tha dealas ann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG). Chithear seo bho na tionnsgnaidhean a tha a' faighinn taic bhon àrd-riaghaltas, ùghdarrasan ionadail agus na prìomh bhuidhnean foghlaim. Buinidh an dealas seo ri amas a tha aca sa chumantas airson seasmhachd na Gàidhlig a dhaingneachadh ann an Alba agus an tuigse gu bheil prìomh àite aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns an oidhirp a dh' ionnsaigh an amais sin.
- I.1.2 Chan eil teagamh sam bith nach eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith na phiseach don chànan. Tha raon foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a thighinn gu bith ann am foghlam na h-Alba a tha suaicheanta agus misneachail, far a bheil iomadh eisimpleir air deagh ionnsachadh agus teagasg. Thar na h-uile, is e a bhuil gu bheil òigridh a' tighinn a-mach aig deireadh foghlam bunsgoile a tha misneachail agus fileanta ann an dà chànan. Tha buaidh chudromach aig tabhartas sònraichte an Rìaghaltais airson na Gàidhlig air an t-suidheachadh seo.
- I.1.3 Chan eil clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith a' dol glè fhada ann an Alba. Airson na cuid as motha den fhicheadamh linn cha robh a' Ghàidhlig ga teagasg ach mar chuspair agus is ann ainneamh dha nìreabh a chleachdadh i mar mheadhan teagaisg ann an sgoiltean, fiù anns na sgìrean Gàidhlig. Rinneadh oidhirpean cudromach airson dèiligeadh ri seo anns na 1960an agus 1970an, ach cha b' ann gus na 1980an a chuir pàrantan ìmpidh air na h- ùghdarrasan ionadail a dh' ionnsaigh clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig a chur air bhonn. Dh'fhosgladh a' chiad chlasaichean ann an Glaschu agus Inbhir Nis agus a-nis tha seasgadh bunsgoil 's a h-aon le clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig anna agus trithead 's a sia àrdsgoiltean ann an Alba a' tabhann Gàidhlig do fhileantaich.
- I.1.4 Tha clasaichean luchd-ionnsachaidh, sa bhunsgoil agus san àrdscoil, cudromach do leasachadh na Gàidhlig cuideachd. Tha an t-àrdachadh anns na h-àireamhan a' frithealadh chlasaichean luchd-ionnsachaidh anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad na adhbhar dòchais. Chaidh àireamhan an àirde bho 2370 ann an 2002-03 gu 2513 ann an 2003-04 agus 2583 ann an 2004-05. Tha Gàidhlig ga teagasg do luchd-ionnsachaidh sa bhunsgoil cuideachd agus tha seo air eagrachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte. Tha àite cudromach aig na clasaichean seo ann an aire a thogail mun chànan agus mun chultar. Anns an fhad-ùine dh' fhaodadh iad an àireamh fhileantach a chur am meud agus, is dòcha, an uiread luchd-teagaisg.

I.2 Adhartas agus Leasachadh

- I.2.1 Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh ann an 1999, agus bhon àm sin tha grunn thionnsgnaidhean air tachairt airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a neartachadh agus a mheudachadh ann an Alba. Bha ullachaidhean cudromach airson na Gàidhlig anns an Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa 2000, tràth ann am beatha Pàrlamaid na h-Alba, a sheall gur e Prìomhachas Nàiseanta airson foghlaim sgoile ann an Alba a bha anns a' Ghàidhlig.
- I.2.2 Tha an Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa 2000 ga chur mar fhiachaibh air ùghdarrasan aithris bhliadhnail fhoillseachadh air amasan leasachaidh. Feumaidh an aithris bhliadhnail luaidh a dhèanamh air solarachadh an ùghdarrais airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an Achd cuideachd a' toirt a' chomais do Mhinistearan cinn-uidhe a shònrachadh airson nam Prìomhachasan Nàiseanta ann am foghlam sgoile, agus is e a' Ghàidhlig aon dhiubh.
- I.2.3 A' leantainn seo, tha grunn ùghdarrasan air adhartas agus leasachadh a dhèanamh air an solarachadh aca airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha a' chuid as motha de raointean foghlaim

Ghàidhlig air piseach fhaighinn às. Tha leasachadh air tighinn air maoinachadh, bathar, trèanadh luchd-teagaisg, TFC, taic do sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan agus air aithrisean poileasaidh bho ùghdarrasan air ciamar a thèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a lìbhrigeadh anns na sgìrean aca.

- 1.2.4 Tha foghlam Gàidhlig cuideachd air piseach fhaighinn bho aithisgean agus rannsachadh a chuimsich air raointean sònraichte den t-solarachadh. Chaidh stiùireadh cuideachd a dheasachadh agus a sgaoileadh le Riaghaltas na h-Alba a bheireadh taic do leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, ged a tha na comharraidhean neart seo dòchasach, tha iad cuideachd air na prìomh bhacaidhean a tha a' cur stad air fàs ann am foghlam Gàidhlig a shealltainn.

1.3 Buidheann-gnìomha Luchd-teagaisg

- 1.3.1 Is e fastadh agus solarachadh luchd-teagaisg aon de na raointean a dh'fheumas leasachadh ma tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dol a dhol am meud. Tha fìor dhuilgheadas air a bhith ann an cuid de sgìrean a' lorg luchd-teagaisg agus tha seo air adhartas a chumail air ais. Uaireannan, tha seo air cron a dhèanamh air foghlam nan sgoilearan agus tha e air briseadh dùil adhbharachadh don a h-uile duine le ùidh sa chùis. Tha seo air a bhith follaiseach ann am foghlam bunsgoile, ach bidh e a' dèanamh cron san àrdsgoil cuideachd, far a bheil ùghdarrasan a' feuchainn ri cunbhalachd a neartachadh eadar bun- agus àrdsgoil agus ris an roghainn chuspairean a gheibhear tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh.
- 1.3.2 A' toirt aithne don t-suidheachadh seo, chuir Ministear an Fhoghlaim agus na h-Òigridh Buidheann-gnìomha Luchd-teagaisg air bhonn airson coimhead ri fastadh agus solarachadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig agus airson molaidhean a dheasachadh. Dh'aontaich a' Bhuidheann gum biodh an raon ùghdarrais aca a' gabhail a-steach beachdachadh air: roi-innleachdan a dh'ionnsaigh meudachadh a dhèanamh air solarachadh luchd-teagaisg, cothroman foghlaim luchd-teagaisg, deasachadh proifeiseanta luchd-teagaisg na Gàidhlig agus taic phroifeiseanta do luchd-teagaisg.
- 1.3.3 Tha ceanglaichean cudromach ann eadar a' Bhuidhinn-gnìomha Luchd-teagaisg agus tionnsgnaidhean eile a thachair o chionn ghoirid leithid stèidheachadh Buidhne TFC Gàidhlig nan Àrdsgoiltean. Is e amas Buidhne TFC Gàidhlig nan Àrdsgoiltean fuasglaidhean dealanach a lorg airson foghlam meadhain Ghàidhlig a lìbhrigeadh aig ìre na h-àrdsgoile a bhiodh na dhòigh air an fhàs ann an iarrtas airson cuspairean ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a fhreagradh anns an àrdsgoil. An lùib seo, feumar coimhead ri dè na cuspairean air am bu chòir cuimseachadh, deasachadh stuthan teagaisg agus dè na dòighean lìbhrigidh as freagarraiche. Tha obair na Buidhne-gnìomha Luchd-teagaisg cuideachd a' gabhail a-steach cheanglaichean cudromach ri obair a rinneadh o chionn ghoirid le Luchd-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim (LSBF) agus Buidheann Ath-bhreithneachaidh Riaghlaidh nan ùghdarrasan ionadail (BAR).

1.4 Solarachadh Luchd-teagaisg – Prìomhachas

- 1.4.1 Chuir a' Bhuidheann fàilte air an aithisg air Foghlam Gàidhlig a thug LSBF a-mach o chionn ghoirid agus thug iad fa-near gu robh i a' nochdadh adhartais mhòir ann am Foghlam Gàidhlig bhon aithisg mu dheireadh ann an 1994. Bha a' Bhuidheann cuideachd toilichte an cudrom làidir a chuir an aithisg air foghlam àrdsgoile agus air an fheum leasachadh susbainteach a dhèanamh air Gàidhlig aig an ìre sin fhaicinn, a' cur ri fàs na Gàidhlig sa bhunsgoil agus adhartas ann an teicneolas ùr. Tha an co-dhùnadh a rinn grunn ùghdarrasan gun toir iad Gàidhlig air adhart san àrdsgoil na fhianais air a' chudrom seo. Anns an aithisg LSBF a rinneadh bho chionn ghoirid, bha na raointean leasachaidh a' gabhail a-steach 'dèanamh cinnteach gu bheil luchd-teagaisg Gàidhlig agus FTMG le deagh-bharrantas

gu leòr ann a fhreagras iarrrtas anns an àm ri teachd'. Tha a' Bhuidheann Ath-bhreithneachaidh Riaghlaidh an còmhnaidh a' cur cudrom air taic phractaigeach a thoirt do fhastadh agus trèanadh luchd-teagaisg Gàidhlig agus tha Comunn na Gàidhlig cuideachd air mòran a chur ri seo.

- I.4.2 Bha foghlam Gàidhlig agus am feum air solarachadh luchd-teagaisg a mheudachadh follaiseach na phàirt chudromach de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar a chaidh e tro Phàrlamaid na h-Alba. Bha seo ri fhaicinn ann am freagairtean na co-chomhairleachaidh, ann an deasbadan agus anns an fhianais a fhuair Comataidh an Fhoghlaim aig Pàrlamaid na h-Alba. A thuilleadh air sin, nochd Comataidh an Fhoghlaim aig Pàrlamaid na h-Alba na cùisean seo anns an aithisg aca air an 5mh Gearran 2005, far an do chuir iad cudrom air an fheum aig Riaghaltas na h-Alba leasachadh a dhèanamh air fastadh luchd-teagaisg Gàidhlig.

'Tha a' Chomataidh toilichte gu bheil Riaghaltas na h-Alba ag innse do na comhairlean maoineachaidh gur e prìomhachas a tha anns a' Ghàidhlig agus gun tèid iomairt fastaidh a chur air bhog airson tidsearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 2005. Ach, tha a' Chomataidh iomagaineach mun bheàrn a tha ann eadar iarrrtas agus solarachadh ann an trèanadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.'

- I.4.3 Thuirt Comataidh an Fhoghlaim gu robh e cudromach gun 'dèiligear ris a' bheàrn seo anns an roi-innleachd nàiseanta air foghlam Gàidhlig' a tha òrdaichte fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. ' Chuir a' Bhuidheann-ghnìomha Luchd-teagaisg fàilte air na briathran seo agus tha iad air feuchainn ris na duilgheadasan fhuasgladh leis na ceumannan a tha gam mìneachadh anns an aithisg seo. Tha grunn mholaidhean anns an Aithisg aig deireadh gach earrainn agus, aig an toiseach, tha grunn phrìomh mholaidhean a shaoil a' Bhuidheann do-sheachanta ma tha fuasgladh dol a thighinn air a' ghainnead luchd-teagaisg a tha ann an-dràsta. Tha a' Bhuidheann den bheachd gu bheil an Aithisg seo a' mìneachadh nan ceumannan a dh'ionnsaigh solarachaidh nas fheàrr airson Luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba a choinnicheas iarrrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a tha a' sìor fhàs.

2. COTHROMAN FOGHLAIM LUCHD-TEAGAISG

2.1 Cothroman Foghlaim Luchd-teagaisg an-dràsta

- 2.1.1. Tha seachd stèidhean foghlaim luchd-teagaisg ann an Alba agus às na seachd sin, bidh trì a' tabhann foghlam luchd-teagaisg sa Ghàidhlig. Is iad seo na dàimhan foghlaim aig Oilthigh Shrathchluaidh agus Oilthigh Obar Dheadhain, agus gu ìre nas lugha, Oilthigh Ghlaschu. Bidh ciad fhoghlam luchd-teagaisg sa Ghàidhlig a' tachairt anns na cùrsaichean B.Ed agus PGDE. O chionn ghoirid, tha Oilthighean Obar Dheadhain agus Shrathchluaidh air com-pàirteachasan a stèidheachadh le buidhnean eile airson foghlam pàirt-ùine agus foghlam air astar no far-champus a lìbhrigeadh airson luchd-teagaisg na Gàidhlig.
- 2.1.2. Bidh Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh Eacarsaich Planaidh na Sgioba Luchd-teagaisg a h-uile bliadhna. Bithear a' sgrùdadh mar a tha muinntir a' phroifeisein air an sgapadh air feadh na dùthcha, àireamhan sgoilearan san àm ri teachd agus gluasad a-mach 's a-steach don phroifeisean, gus faicinn co mhead neach-teagaisg ùr a bhios a dhìth. Is e buil a' phròiseis seo gun tèid Stiùireadh a dheasachadh le SEED airson SFC. Bidh comhairle anns an Stiùireadh seo air grunn raointean seach na feadhna a chaidh a luaidh gu h-àird, leithid phrìomhachasan chuspairean agus iarrtas a thaobh luchd-teagaisg airson sgoiltean eaglaise agus luchd-teagaisg Gàidhlig.
- 2.1.3. Tha an Stiùireadh seo a' comhairleachadh SFC gu bheil solarachadh luchd-teagaisg airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fhathast na prìomhachas airson Mhinistearan na h-Alba. Tha gealladh Com-pàirteachaidh aig an Riaghaltas cuideachd gun cum iad orra a' tasgadh airgid ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach barrachd àiteachan a lìbhrigeadh airson trèanadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an co-chòrdadh ri seo, tha Roinn Foghlaim an Rìghaltais air iarraidh air a' Chomhairle cumail orra a' brosnachadh solarachaidh anns an raon seo. An-dràsta tha Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (SFC) a' lìbhrigeadh maoinachaidh airson fichead àite do luchd-labhairt na Gàidhlig air cùrsa (Bunsgoile) PGDE Oilthigh Shrathchluaidh agus còig àiteachan aig Oilthigh Obar Dheadhain.
- 2.1.4. A thuilleadh air sin, tha an Riaghaltas a' sùileachadh gum beachdaich SFC air sligheachan eile a dh'ionnsaigh àireamhan Luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, an dà chuid bunsgoile agus àrdsgoile, a chur am meud, ach aig an aon àm gum bi iad mothachail gu feum a h-uile h-oileanach ann an Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFLT) an aon ìre theisteanais airson faighinn a-steach. Bu chòir, cuideachd, beachdachadh air oileanaich bho thall thairis aig a bheil an ìre theisteanais cheart ach nach urrainn prìs a' chùrsa a phàigheadh.
- 2.1.5. Tha an Stiùireadh do SFC cuideachd a' moladh gum broснаichear luchd-solair foghlam luchd-teagaisg gus a bhith fosgailte nan dòigh-smaoinachaidh a thaobh thagraichean do na cùrsaichean ciad fhoghlaim le bhith a' toirt agallaimh don a h-uile duine a bhiodh comasach teagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh Oilthighean Shrathchluaidh agus Obar Dheadhain a' cumail ri seo agus bidh iad a' feuchainn ris a h-uile duine fhaicinn aig a bheil an ìre theisteanais fhreagarrach.
- 2.1.6. Bidh na tagraichean a' faighinn agallaimh dhà-chànanaich agus feumaidh iad eacarsaich sgrìobhte a dhèanamh airson dearbhadh gu bheil iad litearra sa Ghàidhlig. Gheibh a h-uile tagraiche a dhearbhas gu bheil iad fileanta, litearra agus comasach air a' chlàr-oideachaidh a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig àite cho luath sa nochdas iad fianais airson na h-ìre theisteanais freagarraich.

2.2 Sligheachan Ùra

- 2.2.1 Tha stiùireadh an Riaghaltais do SFC a' gabhail a-steach taic airson sligheachan ùra do theagasg Gàidhlig a lorg. Tha seo air sligheachan ùra cudromach do theagasg na Gàidhlig a thoirt am follais anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad. Chaidh na sligheachan seo a dheasachadh airson daoine a thàladh a theagasg nach b' urrainn ùine mhòr a chur seachad ann an Glaschu no Obar Dheadhain agus a leigeadh leotha trèanadh agus cleachdadh obrach fhaighinn faisg air an dachaigh aca.
- 2.2.2 Tha luchd-solair trèanaidh air mòran a thasgadh anns na sligheachan ùra seo agus tha toradh a' tighinn am bàrr mar tha. Anns an Òg-mhìos 2005, thàinig deich neach-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig à dà shlighe ùr do theagasg tro mheadhan na Gàidhlig, aon a chuir Oilthigh Obar Dheadhain air bhonn agus tèile tro chom-pàirteachas eadar Oilthigh Shrathchluaidh agus Institiùd nam Mìle Bliadhna aig Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eileanan (IMBOGE).
- 2.2.3. Is e cùrsa trithead 's a sia seachdain far-champus a tha anns a' chùrsa PGDE Shrathchluaidh/IMBOGE airson barrantas teagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha an cùrsa ga theagasg ann an Gàidhlig agus Beurla agus tha an cleachdadh teagaisg ann an clasaichean Gàidhlig.
- 2.2.4. Tha Oilthigh Obar Dheadhain, ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, air ceumannan cudromach a ghabhail airson duilgheadasan fastaidh luchd-teagaisg bunsgoile fhuasgladh, a tha a' gabhail a-steach luchd-teagaisg na Gàidhlig. Bhon t-seisean 2003-2004, bha Oilthigh Obar Dheadhain a' tabhann cùrsa dà bhliadhna pàirt-ùine air astar. Bidh ceathrar de na h-oileanaich a fhuair àite air a' chùrsa seo comasach air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig nuair a thig iad a-mach mar luchd-teagaisg. Tòisichidh an cùrsa as ùr bhon Lùnastal 2005: tha mu 50% den chùrsa ga libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh co-dhiù 50% den chleachdadh teagaisg ann an clasaichean meadhain Ghàidhlig.
- 2.2.5 Aig an àm seo, feumaidh na h-oileanaich air na cùrsaichean pàirt-ùine (sin, Obar Dheadhain) prìs an oideachaidh a phàigheadh iad fhèin. Bha a' Bhuidheann làidir den bheachd nach bu chòir seo a bhith agus gum bu chòir don Riaghaltas maoinachadh a libhrigeadh airson chùrsaichean pàirt-ùine, mar a nithear airson chùrsaichean làn-ùine.
- 2.2.6. Is e aon ghnè air leth brosnachail den dà chùrsa gu robh cuid den luchd-teagaisg anns na sgoiltean ag obair mar luchd-oideachaidh com-pàirt. Bidh iadsan a' teagasg a' chùrsa agus a' dèanamh measadh air na h-oileanaich cho math ri luchd-oideachaidh an Oilthigh. Gheibh a h-uile h-oileanach cleachdadh obrach ann an sgìre an ùghdarrais ionadail aca fhèin agus, a thaobh oileanaich PGDE (Bunsgoile), thathas a' gealltainn gu faigh iad obair dhearbhaidh ann an sgìre an ùghdarrais ionadail aca fhèin. Shaoil a' Bhuidheann gur e tionnsgnaidhean air leth gealltanach a bha anns na cùrsaichean seo agus gum bu chòir an cur air adhart, am brosnachadh agus an leasachadh. Bha a' Bhuidheann den bheachd gum bu chòir do Obar Dheadhain agus Srathchluaidh luchd-oideachaidh com-pàirt a chleachdadh còmhla anns na sgoiltean.

2.3 Meudachadh air na Sligheachan Ùra

- 2.3.1 Tha Srathchluaidh/IMBOGE agus Obar Dheadhain airson na cùrsaichean air astar agus pàirt-ùine aca a chaidh a luaidh gu h-àird a mheudachadh. Chaidh cùrsa Shrathchluaidh/IMBOGE a sgaoileadh gu Ìle anns an Lùnastal 2005 agus bidh Obar Dheadhain ga lìbhrigeadh cuideachd mar chùrsa pàirt-ùine airson teagasg àrdsgoile ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar.
- 2.3.2 Chuir a' Bhuidheann fàilte air na tachartasan seo agus shaoil iad gur mathaid gu robh cothrom ann na sligheachan ùra seo a sgaoileadh do roinnean eile de dh'Alba far am b' fheàrrde daoine a bhith ag ionnsachadh faisg air an dachaigh aca no far am biodh cùrsaichean airson teagasg àrdsgoile feumail a thuilleadh air cùrsaichean bunsgoile.
- 2.3.3. Nuair a chuir Oilthigh Shrathchluaidh/IMBOGE an cùrsa aca air bhog leig iad fios gum biodh an cùrsa ri fhaighinn tro cho-labhairt bhidio aig grunn cholaistean OGE agus ionadan foghlaim air feadh na Gàidhealtachd. Tha a' Bhuidheann den bheachd gu bheil cothrom ann inntrigeadh do na cùrsaichean seo a sgaoileadh do mhuinntir nam bailtean mòra agus don a h-uile h-ionad IMBOGE buntainneach, gu h-àraidh Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste Bheinn na Faoghla, Colaiste Loch Abar agus Ionad Chaluim Chille ann an Ìle. Shaoil a' Bhuidheann gu h-àraidh gum bu chòir pàirt ghnìomhach a bhith aig Sabhal Mòr Ostaig ann an trèanadh luchd-teagaisg agus grunn leasachaidhean proifeiseanta co-cheangailte.

Molaidhean:

- Bu chòir do chùrsa Shrathchluaidh/IMBOGE a thabhann bho barrachd de na colaistean com-pàirteachaidh, gu h-àraidh Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste Bheinn na Faoghla agus Colaiste Loch Abar. Bu chòir aire a thogail anns na raointean iomchaidh air cùrsaichean Shrathchluaidh/IMBOGE mar shligheachan a-steach do theagasg.
- Bu chòir do Oilthigh Obar Dheadhain an cùrsa pàirt-ùine air astar airson teagasg àrdsgoile a libhrigeadh do oileanaich air feadh na h-Alba.
- Bu chòir do Roinn na h-Iomairt, na Còmhdhail agus Ionnsachaidh Fhad-beatha aig Riaghaltas na h-Alba ath-bhreithneachadh a dhèanamh cho luath 's a ghabhas air a' phoileasaidh aca a bhith ag iarraidh air oileanaich teagasg pàigheadh airson cùrsaichean pàirt-ùine.
- Bu chòir pàirt ghnìomhach a bhith aig Sabhal Mòr Ostaig ann an trèanadh luchd-teagaisg agus leasachadh proifeiseanta co-cheangailte.
- Bu chòir dha a bhith na àrd phrìomhachas aig SFC taic a thoirt do thionnsgnaidhean ùra ann am foghlam luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.
- Bu chòir com-pàirteachas agus co-obrachadh nas fheàrr a bhith ann eadar luchd-solair Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg na Gàidhlig agus an luchd com-pàirt aca, gu h-àraidh a thaobh luchd-oideachaidh com-pàirt a chleachdadh còmhla.

3.A' MEUDACHADH FASTAIDH

3.1 Fastadh

- 3.1.1 Tha fàilte ga chur air na h-oidhirpean ionmholta a rinneadh gus aire a thogail mu dhreuchdan teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Tha na h-ùghdarrasan, oilthighean agus Comunn na Gàidhlig air a bhith gnìomhach ann an-seo. Chaidh na stuthan 'Thig a Theagasg', a dheasaicheadh le Comunn na Gàidhlig, a sgaoileadh agus a chleachdadh aig Fèillean Dhreuchdan. Tha ùghdarrasan agus oilthighean air sanasachd a chur anns na pàipearan agus air stuthan fastaidh a dheasachadh.
- 3.1.2 A dh'aindeoin sin, ged tha, tha feum ann airson dòigh-obrach nas co-òrdanaichte agus nas cuimsiche a chuireadh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig air adhart mar dhreuchd tharraingeach. Dh'fheumadh seo oidhirpean nan sgoiltean, nan oilthighean, foghlam coimhearsnachd, ùghdarrasan ionadail agus an t-seirbheis chomhairleachaidh mu dhreuchdan a tharraing còmhla.
- 3.1.3 Dh'fhaodar seo a thoirt gu buil le bhith a' cruthachadh dreuchd oifigeir fastaidh luchd-teagaisg na Gàidhlig. Dh'fhaodadh an dreuchd leantainn dà bhliadhna, anns a' chiad dol a-mach, a bhith suidhichte ann am Bòrd na Gàidhlig, agus a' dèanamh co-òrdanachaidh eadar mòran de na gnìomhan ainmichte san Aithisg seo. An lùib na h-obrach seo bhiodh, co-òrdanachadh litreachais fastaidh, ruith cho-labhairtean air dreuchdan ann am foghlam Gàidhlig, tadhal air fèillean dhreuchdan, tadhal air sgoiltean/oilthighean agus a' toirt comhairle do Dhreuchdan na h-Alba.

3.2 A' Brosnachadh Teagaisg ann am FTMG

- 3.2.1 A thuilleadh air an obair a dh'fhaodadh an t-oifigeir fastaidh fhèin a dhèanamh, dh'fhaodar teagasg na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an dòighean eile. Tha àite ann do cheannardan coimhearsnachd agus muinntir nam buidhnean Gàidhlig a thaobh teagasg na Gàidhlig a bhrosnachadh. A thuilleadh air sin, tha àite cudromach aig ceannardan sgoile agus tidsearan treòrachaidh ag obair còmhla ri luchd-comhairleachaidh dhreuchdan ann a bhith a' stiùireadh sgoilearan. Faodaidh ùghdarrasan ionadail sligheachan do theagasg na Gàidhlig a bhrosnachadh airson luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig ach nach eil ga cleachdadh.
- 3.2.2 Ann an sgoiltean, dh'fhaodar cleachdadh obrach a chur gu feum airson teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh mar dhreuchd bho na bliadhnaichean tràtha anns an àrdsgoil. Bu chòir do sgoilearan meadhain Ghàidhlig san àrdsgoil an cothrom fhaighinn cleachdadh obrach agus/no obair choimhearsnachd a dhèanamh anns na bunsgoiltean meadhain Ghàidhlig. Tha e cudromach eòlas fhaighinn air foghlam bho shealladh eile agus bu chòir na raointean Gàidhlig eile a thoirt an lùib na h-oidhirp seo airson dèanamh cinnteach, ma tha e comasach, gu faigh sgoilearan Gàidhlig cleachdadh obrach ann an àrainneachd Ghàidhlig agus gun tèid luchd-obrach Gàidhlig a bhrosnachadh gus ceanglaichean a dhèanamh leis na h-oilthighean.
- 3.2.3 Tha e mar fhiachaibh air sgoiltean, gu h-àraidh, dèanamh cinnteach gu faigh sgoilearan meadhain Ghàidhlig caochladh chothroman a thaobh dhreuchdan ann an Gàidhlig agus teagasg na Gàidhlig. A thaobh seo, bu chòir gnè nan sgoiltean a bhith a' brosnachadh nan sgoilearan meadhain Ghàidhlig gus smaoineachadh air dreuchdan anns na proifeiseanan Gàidhlig mar obair a bhiodh so-ruigsinneach agus sàsachail.
- 3.2.4 Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur dleistanais roi-innleachdail agus comhairleachaidh air Bòrd na Gàidhlig a dh'ionnsaigh cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Alba. Anns a' Phlana-chànain Ghàidhlig Nàiseanta agus an Roi-innleachd Nàiseanta airson Foghlaim Ghàidhlig, a tha air an òrdachadh fon Achd, bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gum bi solarachadh agus trèanadh luchd-teagaisg FTMG na phrìomhachas.

Molaidhean:

- Bu chòir dreuchd oifigeir fastaidh luchd-teagaisg na Gàidhlig a chruthachadh. Dh'fhaodadh an dreuchd leantainn dà bhliadhna, anns a' chiad dol a-mach agus a bhith suidhichte ann am Bòrd na Gàidhlig, airson co-òrdanachadh a dhèanamh eadar mòran de na gnìomhan ainmichte san Aithisg seo.
- Bu chòir Dreuchdan na h-Alba a bhrosnachadh gus cuimseachadh air dreuchdan Gàidhlig, gu h-àraidh teagasg na Gàidhlig. Bu chòir litir stiùiridh bho Mhinistearan seo a chur an cèill dhaibh agus bu chòir cudrom a chur air ann am plana-Gàidhlig sam bith a dheasaicheas Seirbheis nan Dreuchdan fo Achd na Gàidhlig (Alba).
- Bu chòir do sgoilearan meadhain Ghàidhlig san àrdsgoil an cothrom fhaighinn cleachdadh obrach a dhèanamh ann an àrainneachd Ghàidhlig, ma tha sin idir comasach. Bu chòir do ùghdarrasan ionadail dèanamh cinnteach gu faigh òigridh cothrom air cleachdadh obrach fhaighinn ann an clasaichean meadhain Ghàidhlig.
- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba a bhith a' brosnachadh agus a' sanasachd teagasg na Gàidhlig mar dhreuchd tharraingeach.
- Bu chòir do Obar Dheadhain agus Srathchluaidh agus na stèidhean com-pàirteachaidh aca dèanamh cinnteach gun tèid grunn dhòighean a chleachdadh airson daoine a dh'fhaodadh a dhol nan luchd-teagaisg Ghàidhlig a thàladh don obair.
- Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gum bi solarachadh agus trèanadh Luchd-teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na phrìomhachas fhathast agus gum bi e follaiseach ann am Plana-cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus Roi-innleachd Nàiseanta Foghlam na Gàidhlig, a tha air an òrdachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba).

4. DEASACHADH PROIFEISEANTA

4.1 Brìgh Ghàidhlig

- 4.1.1 Ann an 1999 dh'fhoillsich Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba (CTCA) aithisg air 'Teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, Molaidhean airson Atharrachaidh'. Bha grunn mholaidhean cudromach anns an aithisg seo a' buntainn ri cùrsaichean, taghadh oileanach agus barrantachadh luchd-teagaisg. Tha mòran de na molaidhean anns an aithisg fhathast buntainneach agus shaoil a' Bhuidheann gum bu chòir don CTCA na molaidhean a chur an gnìomh agus dèanamh cinnteach gu robh a h-uile neach-teagasg a gheibheadh barrantachadh a bhuineadh ris a' Ghàidhlig teisteanas oifigeil a' dearbhadh seo mar phàirt den bharrantachadh aca.
- 4.1.2 Tha dà chuspair eile ag èirigh bho Aithisg CTCA a tha a' Bhuidheann airson togail aig a bheil dlùth cheangal ri obair na Buidhne-gnìomha Luchd-teagaisg. Is e a' chiad fhear gu feum pàirt bhrioghmhor de na cùrsaichean Ciad Foghlam Luchd-teagaisg (CFLT) agus an cleachdadh obrach co-cheangailte riutha a bhith tro mheadhan na Gàidhlig airson fileantachd, misneachd agus adhartas cànan nan oileanach a leasachadh agus a chumail an àirde.
- 4.1.3 Shaoil a' Bhuidheann gu robh e air leth cudromach gun dèanadh oileanaich meadhain Ghàidhlig cleachdadh obrach ann an suidheachaidhean meadhain Ghàidhlig, agus ma bha e comasach, ann an clasaichean de gach meud agus ìre. Nan tachradh sin bu chòir dha a bhith comasach do dh'oileanaich a' leantainn cùrsa co-cheangailte, eòlas fhaighinn air an dàrna cuspair aca a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig, nuair a tha an cuspair sin ri fhaighinn sa Ghàidhlig. Tha an t-eagrachadh ùr, far a bheil ùghdarrasan ionadail an-sàs gu dlùth ann an cleachdadh obrach nan oileanach, a' toirt cothrom dèanamh cinnteach gu faigh oileanaich meadhain Ghàidhlig cleachdadh ann an clasaichean Gàidhlig le taic bho sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail. Ann am PGDE (Bunsgoile) Obar Dheadhain gheibh oileanaich dàrna leth co-dhiù den chleachdadh obrach aca ann am FTMG, anns na h-ìrean àrda agus bogadh cànan, agus ma ghabhas e a dhèanamh, gheibh iad an cleachdadh sgoil-àraich aca ann am meadhan Ghàidhlig cuideachd.
- 4.1.4. Is e an dàrna cuspair gu bheil feum ann air modulan Gàidhlig airson CFLT a fhreagras fheuman eugsamhail agus àraidh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Mar eisimpleir, bu chòir do oileanaich an cothrom fhaighinn cuimseachadh air gnèithean sònraichte Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm seo, ann am PGDE (Bunsgoile) Obar Dheadhain, tha na modulan a gheibhear tro mheadhan na Gàidhlig a' gabhail a-steach: Cuimseachadh Proifeiseanta, Deasachadh airson Cleachdadh Sgoile, Cànan (Beurla) agus Matamataic. A-rithist, mar a chaidh a luaidh ann an 4.1.1 gu h-àird, tha Aithisg CTCA gu math soilleir air na cùisean seo.

4.2 Lochdan Cànan

- 4.2.1. Mar a chaidh a luaidh gu h-àird, feumaidh tagraiche fileantachd iomchaidh sa Ghàidhlig a dhearbhadh mus faigh iad seachad air ìre an agallaimh. Tha Oilthighean Obar Dheadhain agus Shrathchluaidh ag aideachadh nach eil a h-uile tagraiche ga thaghadh agus gur e dìth fileantachd no comas sa Ghàidhlig an t-adhbhar nach faigh cuid a-steach. Shaoil a' Bhuidheann gum bu chòir beachdachadh air taic a thoirt do thagraichean aig an robh duilgheadasan cànan beaga. Nan robh seo ri fhaighinn, is dòcha tro chùrsa a bharrachd a dhèanamh, chuireadh seo àireamh nan oileanach a' trèanadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig am meud.
- 4.2.2. Is e beachd na mòr-chuid a-nis, gu bheil, fiù am measg nan oileanach a gheibh àite ann an Ciad Foghlam Luchd-Teagaisg Gàidhlig, cuid ann a tha feumach air taic cànan. Tha dà sheòrsa taice a dhìth ach aig an àm seo chan eil dòigh air an libhrigeadh ach anns an oilthigh, far a bheil ìre a' chùrsa

deuchainneach gu leòr mar tha. Glè thric, feumaidh luchd-ionnsachaidh piseach a dhèanamh air na sgilean còmhraidh agus èisteachd aca agus feumaidh daoine le Gàidhlig bho thùs taic le litearras leithid structar cànan agus litreachadh. Shaoil a' Bhuidheann gum bu chòir dèiligeadh ris na lochdan cànan seo a bha aig cuid de na h-oileanaich, is dòcha le cùrsa samhraidh goirid.

- 4.2.3. Bhiodh cùrsa den leithid seo fosgailte don a h-uile h-oileanach: an fheadhainn airson tòiseachadh air CFLT ach aig a bheil lochdan sa chànan aca; an fheadhainn a thàinig tron an t-siostam ach a tha a' faireachdainn gu feum iad tuilleadh cuideachaidh a thaobh fileantachd no litearrachd mus tòisich iad air a' bhliadhna dheuchainn aca; agus luchd-teagaisg làn bharrantaichte aig a bheil Gàidhlig ach nach eil misneachail no fileanta gu leòr a dhol a theagasg tro mheadhan a' chànan.
- 4.2.4. Dh'fhaodar cùrsa a dhealbhadh a bhiodh freagarrach do fheuman nan oileanach meadhain Ghàidhlig uile agus is dòcha a fhreagradh feuman chuspairean àraidh cuideachd. Airson luchd-teagaisg làn bharrantaichte, leigeadh an cùrsa leotha teagasg tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na h-Alba. Bhiodh e gu leas ùghdarrasan ionadail taic agus brosnachadh a thoirt do luchd-teagaisg a dhol air cùrsa den t-seòrsa seo.

4.3 Eagrachadh an Teagaisg Dheuchainn

- 4.3.1. Mar thoradh air Aonta an Luchd-teagaisg airson an 21mh Linn is e a' Chomhairle Teagaisg Choitcheann agus Riaghaltas na h-Alba a bhios a' suidheachadh luchd-teagaisg deuchainn anns a' phroifeisean theagaisg. Tha an t-eagrachadh seo air a bhith anns na sgoiltean bho na seiseanan sgoile 2002-03. Bidh an Sgeama Deuchainn Luchd-teagaisg a' tabhann obair teagaisg do luchd-teagaisg ùr-bharrantaichte ann an ùghdarras ionadail Albannach airson bliadhna, le ùine nas lugha ga chur seachad sa chlas agus an cothrom ìre an Làn Bharrantachaidh a ruigsinn an ceann aon bhliadhna sgoile.
- 4.3.2. Bithear ag iarraidh air oileanaich ainmeachadh, ann an òrdugh roghnachaidh, còig ùghdarrasan ionadail dom biodh iad deònach obair anns a' bhliadhna dheuchainn aca. Bidh an Riaghaltas ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail dreuchdan bàna a lìbhrigeadh don Sgeama. Bidh siostam coimpiutair a' roinneadh nan dreuchdan air thuairam am measg an luchd-deuchainn. Tha luchd-deuchainn Ghàidhlig a' faighinn dhreuchdan a dh'aon ghnothach, ged tha, a rèir an roghainn aca agus càite bheil dreuchdan bàna aig ùghdarrasan ionadail.
- 4.3.3. Bha sia neach-deuchainn deug airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a fhuair barrantas airson an t-seisein sgoile 2005-06 agus chaidh a h-uile duine aca a chur ann an dreuchdan meadhain Ghàidhlig. Tha dragh ann fhathast mu obrachadh an t-siostaim seo agus teagamh an do chùm na h-ùghdarrasan an luchd-deuchainn ann an clasaichean meadhain Ghàidhlig. Chuir a' Bhuidheann fàilte air dealas an Riaghaltais a bhith a' cumail sùil gheur air an t-suidheachadh agus, far an robh e comasach, ceumnan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum fuiricheadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann am meadhan Gàidhlig.
- 4.3.4. Tha a' Bhuidheann cuideachd den bheachd gum bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig a chur mar fhiachaibh air ùghdarrasan ionadail an dòigh-obrach seo a stèidheachadh sa phlana-chànan aca. Bu chòir uallach a bhith air ùghdarrasan ionadail cùnntas a thoirt seachad air co mheud neach-deuchainn Gàidhlig a fhuair iad agus co mheud a tha fhathast a' teagasg na Gàidhlig no tro mheadhan na Gàidhlig. Nuair a tha oileanaich barrantaichte ann an dà chuspair, bu chòir sgoiltean agus ùghdarrasan a bhith air am brosnachadh gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aca ìre eòlais fhreagarrach a chumail an àirde anns an dàrna cuspair aca.

4.4 Dòigh-obrach Roi-innleachdach

- 4.4.1 Tha Ministearan na h-Alba air gealltainn gu faigh luchd-deuchainn Gàidhlig obair meadhain Ghàidhlig, cho fada 's a tha e comasach. Nuair a gheibh iad tron bhliadhna dheuchainn gu soirbheachail, faodaidh luchd-teagaisg cur a-steach airson obair ann an ùghdarras sam bith a thogras iad.
- 4.4.2 Lìbhrig Riaghaltas na h-Alba airgead tàlaidh airson an sgeama deuchainn luchd-teagaisg 2004-2005. Gheibh luchd-deuchainn £6,000 ma tha iad deònach a dhol a dh'obair ann an àite sam bith ann an Alba anns a' bhliadhna dheuchainn aca agus nach faigh iad àite ann an gin de na còig roghainnean suidheachaidh aca. Airson an sgeama 2005-06, fhuair a h-uile neach-deuchainn Gàidhlig obair meadhain Ghàidhlig. Cha deach an t-airgead tàlaidh a phàigheadh glè thrì agus chan eil e air mòran eadar-dhealachaidh a dhèanamh do luchd-teagaisg le Gàidhlig. Thèid ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an Sgeama Dheuchainn as t-Fhoghar 2005.

Molaidhean::

- Bu chòir do CTCA na molaidhean anns an aithisg 'Teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, Molaidhean airson Atharrachaidh' a chur an gnìomh.
- Bu choir do ùghdarrasan ionadail agus oilthighean dèanamh cinnteach gu faigh oileanaich meadhain Ghàidhlig deagh shuidheachaidhean cleachdadh obrach ann an ionadan meadhain Ghàidhlig.
- Bu chòir do oileanaich teagaisg àrdsgoile a tha a' tabhann dàrna cuspair, eòlas fhaighinn air an cuspair sin a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig, ma tha sin comasach.
- Bu chòir cùrsaichean cànan a thabhann air oileanaich agus luchd-teagaisg aig a bheil lochdan cànan airson gum faigh iad air dol tro thrèanadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig no do theagasg na Gàidhlig.
- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile h-oileanach meadhain Ghàidhlig a chur ann an clas meadhain Ghàidhlig agus bu chòir dhaibh an £6000 de airgead tàlaidh a chleachdadh airson oileanaich a thàladh do na sgìrean aig a bheil prìomhachas, agus bu chòir do ùghdarrasan dèanamh cinnteach gun cum iad orra anns a' mheadhan Ghàidhlig.

5. LEASACHADH DREUCHD

5.1 A' Glusad Luchd-teagaisg Làn Bharrantaichte don Ghàidhlig

- 5.1.1 Tha gainnead luchd-teagaisg na Gàidhlig ann aig a h-uile h-ìre. Ach, tha àireamhachd a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba o chionn ghoirid a' tarraing aire don fheadhainn a b' urrainn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ach nach eil a' dèanamh sin an-dràsta. Anns an àireamhachd as ùire tha 253 neach-teagaisg bunsgoile ag ràdh gum b' urrainn dhaibh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ach chan eil ach 159 ga dhèanamh. Aig ìre na h-àrdsgoile is urrainn do 112 teagasg sa Ghàidhlig ach chan eil ach 44 ag obair tro mheadhan na Gàidhlig aig an àm seo.
- 5.1.2. B' ann air an adhbhar seo a bha ùidh aig a' Bhuidhinn ann an dòighean a b' urrainn dhaibh cuimseachadh air luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig ach nach eil a' teagasg sa chànan an-dràsta. Feumar an luchd-teagaisg seo a lorg agus taic a thoirt dhaibh ma tha iad mì-chinnteach no mì-chomhfhurtail mu dheidhinn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.
- 5.1.3 Shaoil a' Bhuidheann gur mathaid gu robh feum air tuilleadh fiosrachaidh air comasan cànan sònraichte na feadhna nach robh a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Dh' fhaodadh gu robh cuid de luchd-teagaisg airson glusad don mheadhan Ghàidhlig ach gu robh lochdan air a' Ghàidhlig aca agus gun cuireadh iad feum air cùrsa cànan sa chiad dol a-mach airson na sgilean cànan aca a leasachadh.
- 5.1.4. Bha a' Bhuidheann mothachail gu robh cùrsa a bha Sabhal Mòr Ostaig (SMO) agus Obar Dheadhainn a' deasachadh a' dol a fhreagradh mòran de na feuman seo a chaidh aithneachadh, a thaobh sgilean cànan san fharsaingeachd agus comasan Gàidhlig a' buntainn ri cuspairean àraidh. Shaoil a' Bhuidheann gur mathaid gu robh ceistean eile ann a dh'fheumadh dèiligeadh riutha le duaisean airson glusad no sochairean a gheibheadh luchd-teagaisg nan dèanadh iad ath-thrèanadh.
- 5.1.5 Bha cùrsa ri fhaighinn aig SMO bho 1999 airson luchd-labhairt na Gàidhlig a chuideachadh a' glusad do theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Bha grunn adhbharan ann nach do ghabh mòran daoine cothrom a dhol air. Tha cruth dealanach den chùrsa a-nis ga dheasachadh airson luchd-teagaisg cuspaireil anns an àrdsgoil. Tha e ga dheasachadh an-dràsta le sùil air libhrigeadh ann an ioma-cruth bhon Fhaoilleach 2006 a-mach. Tha trì modulan ann: Adhartas Cànan, Leasachadh air Eòlas Cuspaireil agus Meòrachadh Proifeiseanta. Is e amas a' chùrsa misneachd a thogail am measg an luchd-teagaisg a tha a' libhrigeadh, no a dh'fhaodadh a bhith a' libhrigeadh, a' chuspair speisealta aca tro mheadhan na Gàidhlig.
- 5.1.6 Tha an cùrsa seo ga dheasachadh airson luchd-teagaisg àrdsgoile a chuideachadh a' glusad do theagasg tro mheadhan na Gàidhlig ach dh'fhaodar na modulan aige atharrachadh airson luchd-teagaisg bunsgoile a chuideachadh cuideachd. Shaoil a' Bhuidheann gur e adhartas a bhiodh an-seo agus gum bu chòir don chùrsa seo a dhèanamh fosgailte do luchd-teagaisg bunsgoile cho math ri luchd-teagaisg àrdsgoile airson cuideachadh na feadhna a tha airson glusad.

5.2 Cothroman Àrdachaidh Dreuchd

- 5.2.1 Bha a' Bhuidheann mothachail gum bu chòir do dhreuchd ann an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a bhith tarraingeach agus is e aon dòigh air seo a thoirt gu buil dèanamh cinnteach gu robh cothroman ann airson àrdachaidh dreuchd. Bha dìth chothroman àrdachaidh do luchd-teagaisg ga thogail uaireannan mar adhbhar airson dreuchd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a sheachnadh. Bha cuid de dh'adhbharan airson dòchais anns a' chùis seo, ged tha, agus tha na structaran a tha ann an-dràsta a' libhrigeadh chothroman nach robh ann roimhe. Mar eisimpleir, dh'fhaodar frèam-obrach a' Phasgain Luchd-teagaisg airson an 21mh Linn a chleachdadh airson slighe nas soilleire ann an leasachadh dreuchd a libhrigeadh do luchd-teagaisg Gàidhlig.

- 5.2.2 Cha bu chòir bacadh sam bith a bhith ro luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig a dhol a-steach airson dreuchdan ùra nam prìomh luchd-teagaisg ann am bunsgoiltean na h-Alba. Bu chòir beachdachadh gu cùramach air seo mar dhòigh riaghlaidh air sgoiltean co-cheangailte agus a thaobh prìomh luchd-teagaisg a chur an dreuchd airson Clàr-oideachaidh na Gàidhlig ann an Cruinneachaidhean Bhunsgoiltean. Bu chòir dha a bhith comasach do ùghdarrasan seo a chur air dòigh fon eagrachadh a tha ann an-dràsta.
- 5.2.3 Chuireadh seo slighe dhreuchd agus cruth riaghlaidh air bhonn far am faigheadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig a bha nam prìomh luchd-teagaisg dleasanasan sònraichte ann an ùghdarrasan. Ann an àrdsgoiltean an-dràsta tha a' Ghàidhlig ga cùinntadh ann an Dàmhan Cànan nan Sgoiltean. Bhiodh e comasach do neach-teagaisg na Gàidhlig a bhith na p(h)rìomh neach-teagaisg ann an dàmh den leithid. Tha seo a' tachairt mar tha ann an cuid de sgìrean. Chan e dìreach luchd-teagaisg cànan na Gàidhlig a bu chòir cothrom fhaighinn a bhith na p(h)rìomh neach-teagaisg; bu chòir do na dreuchdan seo a bhith fosgailte do luchd-teagaisg cuspaireil tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd.
- 5.2.4 Thathas a' sùileachadh gum bi ath-bhreithneachadh ga dhèanamh air prògram an Luchd-teagaisg Cùmhnantachaidh a dh'aithghearr agus bu chòir don ath-bhreithneachadh a tha san amharc feuman luchd-teagaisg na Gàidhlig a fhreagradh. Dh'fhaodadh gun èireadh modul do luchd-teagaisg na Gàidhlig à seo. Bu chòir beachdachadh air modul Gàidhlig a chur don Inbhe Cùmhnantachaidh agus don Inbhe Ceannardais nuair a ghabhas sin a dhèanamh. Tha obair chudromach aig ùghdarrasan ionadail mar tha ann a bhith a' libhrigeadh leasachaidh phroifeiseanta leantailich do luchd-teagaisg agus, nuair a tha e comasach, bu chòir dhaibh co-obrachadh le chèile airson leigeil le luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an aon ùghdarras a dhol gu tachartasan leasachaidh phroifeiseanta leantailich Ghàidhlig ann an ùghdarras eile. Tha pàirt chudromach aig Ionnsachadh agus Teagasg na h-Alba, le Gàidhlig Air-loidhne agus A' Chuisle, anns an obair seo.

5.3 Cànan na Gàidhlig sa Bhunsgoil (CGBS)

- 5.3.1 Tha Riaghaltas na h-Alba air taic a thoirt do CGBS bho 2001. Tha CGBS glè choltach ris a' phrògram nas sgaoilte, Cànanan an Latha an-diugh sa Bhunsgoil, agus tha grunn ùghdarrasan ga thoirt air adhart. Tha an cùrsa CGBS a' tabhann fichead latha trèanaidh do luchd-teagaisg bunsgoile airson an cuideachadh gus cànan na Gàidhlig a theagasg sa bhunsgoil. Rinn an t-Ionad Albannach airson Fiosrachaidh air Teagasg Cànan ath-bhreithneachadh air CGBS agus chaidh àireamhan agus deagh bheachdan luchd-teagaisg a mholadh. Tha an Riaghaltas a' libhrigeadh cuid de thaic shònraichte airson CGBS agus dh'fhaodar Maoin Chànanan Riaghaltas na h-Alba a chleachdadh airson seo cuideachd.
- 5.3.2 Rinn Earra-Ghaidheal is Bòid dearbhadh air prògram trèanaidh do luchd-teagaisg bunsgoile a leigeadh leatha cuideachadh le CGBS anns an t-seòmar sgoile. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar, agus co-chruinneachadh ùghdarrasan (Sruighlea, Siorrachd Àir an Ear, Peairt agus Cinn Rois, Siorrachd Lannraig a-Tuath) a' tabhann CGBS cuideachd; bidh Earra-Ghaidheal is Bòid a' libhrigeadh neach-oideachaidh agus is e Stòrlann a bhios a' libhrigeadh nan stuthan teagaisg a-nis. Tha grunn ùghdarrasan eile air ùidh a nochdadh ann an CGBS.
- 5.3.3 Tha an cùrsa air a bhith glè shoirbheachail agus tha e air cuideachadh le teagasg CGBS a stèidheachadh ann am bunsgoiltean. Bhon bhunait dhaingeann seo bu chòir dha brosnachadh a thoirt do libhrigeadh na Gàidhlig mar chuspair anns an àrdsgoil. Bho 2001 tha trithead 's a còig neach-teagaisg air trèanadh CGBS fhaighinn sa cho-bhanntachd agus tha a' Bhuidheann airson taic làidir a chur an cèill airson obair agus meudachadh chùrsaichean CGBS.

5.4 CGBS san Àm ri Teachd

- 5.4.1 Tha Oilthigh Obar Dheadhain airson cùrsa a dheasachadh airson meudachadh a thoirt air an àireimh luchd-teagaisg an-sàs ann an cur air adhart na Gàidhlig agus air an àireimh sgoilearan ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bheir an cùrsa cothrom do luchd-teagaisg bunsgoile a tha ag obair anns a' phroifeisean mar tha agus a tha air a' phrògram CGBS 20-latha a chrìochnachadh, leasachadh a dhèanamh air an cuid eòlais air a' Ghàidhlig; agus, cuideachd, bheir e piseach air an comas an clàr-oideachaidh luchd-ionnsachaidh Gàidhlig 5-14 a theagasg gu misneachail do na sgoilearan as sine sa bhunsgoil agus as òige san àrdsgoil. Tha an cùrsa ag amas air luchd-teagaisg bunsgoile agus àrdsgoile aig a bheil eòlas ionnan ri CGBS agus a tha airson Gàidhlig a theagasg do luchd-ionnsachaidh sa bhunsgoil agus A1/A2.
- 5.4.2 Leigeadh an cùrsa seo, a tha Obar Dheadhain a' deasachadh, le luchd-teagaisg an clàr-oideachaidh 5-14 gu lèir a libhrigeadh agus a mheasadh, agus nuair a bha barrachd eòlais agus misneachd aca, an Ìre Choitcheann a libhrigeadh. Tha an oidhirp seo cuideachd ag amas air cothrom a thoirt do luchd-teagaisg a tha ag iarraidh ionnsachadh iar-cheumnach a dhèanamh. Bhiodh an obair a bharrachd seo air aithneachadh anns a' Mhaighstireachd Iar-cheumnach ann am Foghlam agus aithnichte le CTCA mar theisteanas a dh'fhaodadh nochdadh aig Ìre 2 anns an fhrèam-obrach Leasachaidh Phroifeiseanta Leantailich luchd-teagaisg. Tha a' Bhuidheann a' moladh Obar Dheadhain airson na h-obrach seo agus a' toirt taic do leasachadh nan cùrsaichean seo anns an àm ri teachd.

Molaidhean:


- Bu chòir do ùghdarrasan ionadail luchd-teagaisg le Gàidhlig a lorg, am brosnachadh gus gluasad a dh'obair sa mheadhan Ghàidhlig, agus an cuideachadh le trèanadh sam bith a tha a dhìth orra.
- Bu chòir don Rìghaltas cumail orra a' toirt taic do chùrsa Shabhail Mhòir Ostaig, a chuidicheadh luchd-teagaisg a' gluasad don mheadhan Ghàidhlig, agus bu chòir an cùrsa fhosgladh do luchd-teagaisg bunsgoile.
- Bu chòir do ùghdarrasan ionadail obair còmhla gus am faigheadh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an aon ùghdarras cothrom air tachartasan Leasachaidh Phroifeiseanta Leantailich Ghàidhlig ann an ùghdarras eile.
- Bu chòir do Ionnsachadh agus Teagasg na h-Alba, le Gàidhlig Air-loidhne, taic a thoirt do luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig anns an leasachadh phroifeiseanta aca.
- Bu chòir do ùghdarrasan cothroman àrdachaidh dreuchd a thoirt do luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig anns a' bhunsgoil agus an àrdscoil le a bhith a' beachdachadh orra nuair a thathas a' fastadh prìomh luchd-teagaisg agus ceannardan dhàmhnan, nuair a tha sin freagarrach.
- Tha a' Bhuidheann a' sùileachadh gun toir ùghdarrasan ionadail agus CGBS taic do chùrsa Oilthigh Obar Dheadhain, agus bu chòir do Rìghaltas na h-Alba taic a thoirt do leasachadh chùrsaichean Obar Dheadhain airson luchd-teagaisg a' dèanamh CGBS.
- Bu chòir Maoin Chànanan Rìghaltas na h-Alba cumail air a' toirt taic do CGBS.

BUIDHEANN-GHNIÒMHA LUCHD-TEAGAISG

Mata MacIomhair	Neach-clàraidh/Àrd-oifigear Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba
Brùs Robasdan	Ceannard an Fhoghlaim, Comhairle na Gàidhealtachd
Murchadh MacIomhair	Ceannard Solarachaidh Foghlaim, Comhairle Siorrachd Lannraig a-Tuath
Bill Maxwell	Àrd-neach-sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim
Iain Mac a' Ghobhainn	Deadhan Dàimh an Fhoghlaim, Oilthigh Shrathchluaidh
Cathy Macaslan	Deadhan Dàimh an Fhoghlaim, Oilthigh Obar Dheadhain
Cairistiona Walker	Neach-òraid ann am Foghlam Gàidhlig, Oilthigh Obar Dheadhain
Donnchadh MacFhearghais	Ceannard Àrdsgoil a' Phluic/Cathraiche Bòrd na Gàidhlig
Dòmhnall MacEanraig	Ceannard Roinn an Luchd-teagaisg
Dùbhghlas Ansdell	Aonad na Gàidhlig
Eòghan Stiùbhart	Aonad na Gàidhlig/Bòrd na Gàidhlig


Àireamh Sgoilearan ann am FTMG Bunsgoile 1985-6-2004-5

Fiosrachadh: Oilthigh Shrathchluaidh/Comunn na Gàidhlig 2005




Àireamh Aonadan agus Sgoiltean FTMG Bunsgoile 1985-2005

Fiosrachadh: Oilthigh Shrathchluaidh/Comunn na Gàidhlig 2005




Luchd-ceumna FTMG Bunsgoile agus Àrdsgoile ann an Alba 1997-98 to 2004-05

Fiosrachadh: Oilthigh Shrathchluaidh/Oilthigh Obar Dheadhain 2005 /CTC na h-Alba 1999




Luchd-ceumna bhon Cholaiste a-Tuath/ Oilthigh Obar Dheadhain 97-98 to 04-05

Fiosrachadh: Oilthigh Obar Dheadhain 2005




Luchd-ceumna Oilthigh Shrathchluaidh 97-98 to 04-05

Fiosrachadh: Oilthigh Shrathchluaidh 2005




Luchd-teagaisg Bunsgoile a rèir comas teagasg tron Ghàidhlig agus Aois, 2004

Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005



Luchd-teagaisg Àrdsgoile a rèir comas teagasg tron Ghàidhlig agus Aois, 2004


Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005



* To be Translated


Luchd-teagaisg Àrdsgoile a rèir comas teagasg tron Ghàidhlig agus Prìomh Chuspair, 2004

Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005




Luchd-teagaisg Bunsgoile a rèir Comas Teagasg tron Ghàidhlig aguonadail, 2004

Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005




Luchd-teagaisg Àrdsgoile a rèir comas teagasg tron Ghàidhlig agus Ùghdarras Ionadail, 2004

Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005




**Luchd-teagaisg Bunsgoile as urrainn
FTMG Bunsgoile a theagasg, 2004**



Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005

**Luchd-teagaisg Àrdsgoile as urrainn
teagasg tron Ghàidhlig, 2004**



Fiosrachadh: Riaghaltas na h-Alba 2005